

# ABAIR GÀIDHLIG!

## NOTAICHHEAN AN TIDSEIR

**FILEANTA**

 Stòrlann  
Nàiseanta na Gàidhlig

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

## Cò dha a tha an t-aonad seo?

Tha iре tuigse eadar-dhealaichte a thaobh gràmar na Gàidhlig aig gach sgoilear a tha ann an clasaichean nam fileantach (agus clasaichean luchd-ionnsachaidh). 'S ann do sgoilearan ann an clasaichean nam fileantach a tha an t-aonad seo anns a' chiad dol a-mach, ach dh'fhaodadh gum bi e feumail cuideachd do luchd-ionnsachaidh adhartach aig ceann shuas na sgoile.

Chaidh cuid de sgoilearan a tha ann an clasaichean nam fileantach a thogail ann an suidheachadh far an robh a' Ghàidhlig aca mar chiad chànan. Bidh riaghailtean càinain a' tighinn thuca gu nàdarra nuair a bhios iad a' bruidhinn agus a' sgriobhadh. Tha gràmar na Gàidhlig gu math mionaideach ge-tà agus dh'fhaodadh gum bi mearrachdan nan tuigse a tha a' cur feum air leasachadh. Glè thric cha bhi fios aig feedhainn a thogadh le Gàidhlig carson a tha structar càinain no abairt ceart no ceàrr agus cha tèid aca air a mhìneachadh do dhaoine eile. Mar as fheàrr an tuigse air gràmar, 's ann as siùbhlaiche a bhios iad sa chànan. Thathar an dòchas gun toir an t-aonad seo tuigse nas fheàrr don chuid a tha san t-suidheachadh seo.

Glè thric, 's ann aig daoine a dh'ionnsaich an cànan as fheàrr a tha tuigse air riaghailtean gràmar na Gàidhlig. Gus an ruig iad fior iре fileantachd ge-tà, bidh aca ris na riaghailtean a chur an gnìomh gu sgiobalta nan inntinn mus bruidhinn agus mus sgriobh iad. Ach tha tòrr riaghailtean ri ionnsachadh mus ruig iad an iре sin. Bidh mìneachadh a' ghràmair san aonad seo feumail dhaibh air an t-slighe gu fileantachd.

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

## Dè na puingean càinain a th' anns an aonad seo?

Anns an aonad càinain seo, thathar ag amas air dèiligeadh ri sia puingean càinain deatamach a tha gu tric nan adhbharan duilgheadais do sgoilearan. Chaidh na puingean a leanas a thaghadh air an dòigh seo.

Chan eil sinn ag ràdh **nach eil** puingean bunaiteach eile ann, ach tha seo na thoiseach-tòiseachaidh agus faodaidh tidsearan cur ris/toirt às mar a thogras iad.

1. An t-Ainmear.
2. An Tràth Caithte
3. An Tràth Teachdail
4. An Tràth Cumhach
5. 'S
6. Na h-Altan Pearsanta

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

## Ciamar a thèid dèiligeadh ris na puingean cànanin gu h-àrd san aonad seo?

Anns gach pàirt den aonad seo, tha Obair A agus Obair B.

**Obair A:** 'S e feallsanachd an aonaid gum biodh gach puing cànanin air a togail air obair a tha stèidhichte aig ire FFC 1-3. Bidh measgachadh de sgilean a' togail ceann anns gach pàirt den aonad (mion-sgrùudadh/luachadh/cruthachadh/dèanamh). Cha leig luchd-teagaisg a leas gach gnìomh obrach ann an Obair A a chleachdadhbh agus obraichidh Obair B a cheart cho math às aonais gnìomhan obrach Obair A a dhèanamh.

**Obair B:** Thèid a' phuing cànanin a theagast le taic bho *Powerpoints* (PPTT). 'S e meadhan iomchaidh a tha seo oir gabhaidh puingean cànanin a theagast ceum air cheum. Bidh e cuideachd comasach do thidsearan atharraichean a dhèanamh air na duilleagan ppt a rèir mar a tha e freagarrach dhaibh fhèin no dhan chlas aca.

Cha tèid ach na h-abairtean teicnigeach gràmair as cudromaiche a chleachdadhbh (mar eisimpleir, *ainmear, gniomhair neo-riaghailteach*) gus nach tèid bacadh a chur air sgoilearan le abairtean foirmeil nach tuig a' mhòr-chuid. Thèid na puingean gràmair a theagast tro eisimpleirean agus tro mhìneachadh.

That has an dòchas gum bi tuigse fada nas glaine aig sgoilearan air na puingean gràmair a nochdas san aonad seo nuair a chrìochnaicheas iad na duilleagan-obrach. Bheir freagairtean nan sgoilearan beachd dhan tidsear a thaobh an tuigse. Tha beagan eacarsaichean anns an aonad a tha ag iarraidh air sgoilearan eadar-theangachadh a dhèanamh.

Tha e cudromach dearbhadh gun cuir sgoilearan an gnìomh na dh'ionnsaich iad san aonad nuair a bhios iad an sàs ann an obair eile às dèidh dhaibh a chrìochnachadh. Ro thric, cha bhi iad mothachail air na dh'ionnsaich iad (ged a thuig iad e aig an àm) às dèidh làimh. Feumar na puingean gràmair seo a dhaingneachadh uair is uair agus tha sin an urra ris gach tidsear.

Bha crìochan ri chur timcheall air gach puing gràmair a tha a' nochdadh san aonad seo. Mar eisimpleir, chaidh dèiligeadh ris an ainmear anns an tuiseal thabhartach, ach cha deach dèiligeadh ris an tuiseal ghinideach. Feumar a bhith faiceallach nach bi an gràmar cho domhainn 's gun cuir e feedhainn troimh-a-chèile. Dh'fhaodadh tidsearan iad fhèin leantainn orra agus dèiligeadh ri pùingean cànanin nas adhartaithe ma tha sin iomchaidh.

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

Feuch gun cuimhnich sibh gur e sibhse – an tidsear – prìomh ghoireas a’ chlas!

## 1. An t-Ainmear

- Tha **Obair A** stèidhichte air earrainn às an nobhail **An t-Ionnsachadh Bòidheach le Catriona Lexy Chaimbeul.**
- Tha aig sgoilearan ri obair leughaidh a dhèanamh an toiseach: ceistean a fhreagairt a tha a’ lorg tuigse, sgrùdadh agus luachadh.
- Ann an ath-eacarsaich (bruidhinn) tha aig sgoilearan ri beachdachadh air trì ceistean a tha ag èirigh às an earrainn agus a tha a’ buntainn ri am beatha fhèin.

Tha **Obair B** an toiseach ag iarraidh air sgoilearan an earrann a leughadh a-rithist agus an uair sin:

- Toirt an aire dha na h-ainmearan a tha ann an clò dorcha (td3). Tha seo agus an ro-ràdh a’ toirt air sgoilearan faicinn gu bheil diofar fhaclan againn ann an Gàidhlig airson an uilt. Tha còmhراadh clas ag iarraidh air na sgoilearan beachdachadh air carson a tha seo.
- Coimheadaidh an clas is an tidsear tro ppt *Abair Gaidhlig 1* duilleagan 2-4 a-nis. Tha ppt2 a’ meas tuigse an sgoilear air fireann is boireann. Tha ppt3 a’ toirt riaghailtean sìmplidh gus an aithnichear ainmearan fireann agus boireann bho chèile. Tha ppt4 a’ toirt air sgoilearan na riaghailtean a chleachdadh airson boireann/fireann obrachadh a-mach.
- Tha ppt5 a’ nochdadh ainmearan fireann agus boireann agus an t-alt a tha ceart anns gach suidheachadh. Thathar ag iarraidh air sgoilearan riaghailtean a chruthachadh le bhith a’ cleachdadh na duilleig-obrach. Chì iad an d’ fhuair iad iad seo ceart le bhith a’ coimhead air ppt6.
- Thathar an uair sin ag iarraidh air na sgoilearan faighinn a-mach a bheil ceithir ainmearan deug fireann no boireann agus dè an t-alt a tha a’ freagairt air gach ainmear.
- Tha ppt8 a’ coimhead air mar a tha gnè an ainmeir a’ toirt buaidh air a’ bhuadhair.
- Tha ppt9 a’ coimhead air an tuiseal thabhartach (gun a bhith ga ainmeachadh). Thathar a’ mìneachadh mar a bhios seo ag obrachadh ann an dòigh shìmplidh. Chan eil iomradh air a dhèanamh air mar a dh’fhaodas ainmearan boireann atharrachadh anns an tuiseal seo (me air a’ chloich/faisg air an uinneig). Bhiodh e iomchaidh seo a thogail le sgoilearan comasach, adhartach.
- Tha ppt 10 agus 11 ag amas air a h-uile puing gu h-àrd a tharraing còmhla.

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

## 2. An Tràth Caithte

Tha **Obair A** stèidhichte air **An Rathad Dhachaigh** le **Mòrag Mhàrtainn**.

- Tha aig sgoilearan ri obair leughaidh a dhèanamh an toiseach: ceistean a fhreagairt a tha a' lorg tuigse, sgilean geàrr-chunntais, sgrùdadh agus luachadh.
- Anns an ath eacarsaich (bruidhinn) tha aig sgoilearan ri beachdachadh air sia ceistean a tha ag eirigh às an earrainn (a' gabhail a-steach cuspair agus teachdaireachd).
- Tha an treas eacarsaich a' toirt cothrom do sgoilearan a dhol an sàs ann an sgriobhadh inntinneach, mac-meanmnach – an sgeulachd a sgriobhadh a-rithist, ach bho thaobh an duine.
- 'S e an eacarsaich mu dheireadh (cànan) an sgeulachd a leughadh a-rithist agus na gnìomhairean a bha san tràth sheachad a lorg. Tha an gnìomh seo a' ceangal **Obair A** agus **Obair B**.

Tha **Obair B** a' tòiseachadh le deuchainn bheag ppt2: an urrainn dha na sgoilearan an **Tràth Caithte** a chruthachadh bho **gnìomhairean riaghailteach** (gun a bhith a' cleachdadhbha)? Tha an gluasad seo air a mhìneachadh le ppt3 **agus** air a dhaingneachadh as dèidh seo.

- Tha aig buidhnean/an clas an uair sin ri beachdachadh air dè na litrichean nach gabh h anns an tràth chaithte. Tha daingneachadh air a seo air ppt4.
- A-rithist, tha còmhradh buidhne/clas ann a thaobh na tha sinn a' dèanamh le gnìomhairean a tha a' tòiseachadh le f+ fuaimreag anns an tràth chaithte. Tha seo air a mhìneachadh le ppt5.
- Tha ppt6 a' toirt sùil air mar a tha sinn a' cruthachadh 'triantan' airson gnìomhairean anns an tràth chaithte. Tha barrachd obrach a' leantainn seo gus dèanamh cinnteach gu bheil grèim aig sgoilearan air a' phuing.
- Thathar a' cur fòcas air **gnìomhairean neo-riaghailteach anns an Tràth Chaithte** a-nis. Tha mineachadh a thaobh seo air td14 far a bheil deuchainn bheag gus am faighear a-mach an urrainn do sgoilearan an gnìomhair a' faighinn a chur dhan tràth chaithte. Chì na sgoilearan an do rinn iad seo ceart le bhith a' toirt sùil air ppt7 còmhla ris an tidsear.
- A-rithist, tha còmhradh buidhne/clas ann a thaobh dè na gnìomhairean a tha san tràth chaithte anns an sgeulachd (**An Rathad Dhachaigh**) a tha mi-riaghailteach. Chì na sgoilearan an do thagh iad na gnìomhairean cearta (agus fiosrachadh eile) le bhith a' coimhead air ppt8.
- Tha an còrr de na duilleagan-obrach agus na powerpoints a' toirt sùil air na naoi gnìomhairean mi-riaghailteach eile san tràth chaithte gus faighinn a-mach dè an ire aig a bheil na sgoilearan a thaobh a bhith gan cleachdadhbh ceart agus airson an ire seo a leasachadh.

**Obair Leudachaidh:** Dh'fhaodadh gum biodh e iomchaidh aig an ire seo iarraidh air na sgoilearan pìos rosg a sgriobhadh anns an tràth chaithte (leabhar-latha, aithisg no leithid sin) agus am misneachadh gus nas urrainn dhaibh de gnìomhairean riaghailteach agus neo-riaghailteach a chleachdadhbh.

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

## 3. An Tràth Teachdail

Tha **Obair A** stèidhichte air earrann èisteachd **Deireadh-seachdain Anndra**.

- Tha aig sgoilearan ri èisteachd ris an earrainn agus ceistean a fhreagairt. Dh'fhaodadh iad èisteachd ris dà thuras (mar ann an deuchainn èisteachd ìre Nàiseanta 5) no cho tric 's a dh'fheumas iad (mar mheasadh-sgoile ìre Nàiseanta 4 agus 5).
- Anns an ath eacarsaich (bruidhinn) tha aig sgoilearan ri innse mar a chuireas iad fhèin seachad an deireadh-seachdain. Bheir an eacarsaich seo cothrom dhan tidsear faicinn dè an ìre gu bheil na sgoilearan a' cleachdad an Tràth Theachdail mus tòisich iad air an obair càinain (a bheil iad a' cleachdad structaran mar *Tha mi gu bhith/Bidh mi* agus, aig an aon àm, a' seachnad ghnìomhairean san Tràth Theachdail?)
- Tha aig na sgoilearan a-nis ri èisteachd a-rithist ris an earrainn a chuala iad roimhe, a' dèanamh nota de na gniomhairean a tha san Tràth Theachdail. Seo an ceangal eadar Obair A agus Obair B.

Tha **Obair B** a' tòiseachadh le deuchainn bheag (ppt2): an urrainn na sgoilearan **an Tràth Teachdail** a chruthachadh bho **gniomhairean riaghailteach** (gun *bidh* a chleachdad)? Tha an gluasad seo air a mhìneachadh le ppt3. Tha td3-4 a'daingeachadh seo.

- Tha ppt4-6 a' sealltainn mar a tha sinn a' cruthachadh 'triantan' airson nan gniomhairean riaghailteach anns an tràth theachdail. Tha barrachd obrach (ochd eisimpleirean) air td4-7 gus dèanamh cinnteach gu bheil grèim aig sgoilearan air a seo.
- Thathar a' cur fòcas air **gniomhairean neo-riaghailteach anns an Tràth Theachdail sa chòrr den aonad**.

Tha deuchainn bheag air td8 gus am faighear a-mach an urrainn do sgoilearan an gniomhair a' *faighinn* a chur dhan tràth theachdail. Chì na sgoilearan an do rinn iad seo ceart le bhith a' toirt sùil air ppt7.

- Tha an còrr de na duilleagan-obrach agus na *Powerpoints* (ppts8-12) a' toirt sùil air na còig gniomhairean neo-riaghailteach eile san tràth theachdail gus faighinn a-mach dè an ìre aig a bheil na sgoilearan a thaobh a bhith gan cleachdad ceart agus airson an ìre seo a leasachadh.

**Obair Leudachaidh:** Dh'fhaodadh gum biodh e iomchaidh aig an ìre seo iarraidh air na sgoilearan pùos rosg a sgriobhadh anns an tràth theachdail (planaichean airson deireadh-sheachdain, saor-làithean) agus am misneachadh gus nas urrainn dhaibh de ghnìomhairean riaghailteach agus neo-riaghailteach a chleachdad.

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

## 4. An Tràth Cumhach

Tha dìth tuigse air mòran sgoilearan a thaobh an Tràith Chumhaich. Mar eisimpleir, glè thric cleachdaidh iad **bidh** nuair a tha còir aca **bhiodh** a chleachdad.

Mar na h-eacarsaichean eile, chan eilear a' feuchainn ris a h-uile càil mun phuing càin a theagast. Thathas ag amas an seo air na rudan as deatamaiche ionnsachadh dha na sgoilearan no an daingneachadh. Thathas ag aithneachadh nach deach togail air cuid de rudan a tha sònraichte mun Tràth Chumhach (mar eisimpleir: *bhiodh tu, bhitheadh...*) ach dh'fhaodadh an tidsear dèligeadh ri leithid nam biodh feum air.

### Obair A

- Tha am pàirt seo den aonad a' tòiseachadh le earrainn às an sgeulachd ghoirid **Am Partaidh Purpaidh** le Dòmhnaill Iain MacIomhair anns a bheil mòran ghnìomhairean san Tràth Chumhach. Tha ceistean an cois na h-earrainn a tha a' sireadh tuigse, luachadh agus sgrùedad.
- Dh'fhaodadh an clas an uair sin deasbad a chumail air diofar mholaidhean aig a bheil ceangal ris an sgeulachd.
- Bidh aig na sgoilearan an uair sin ris an earrann a leughadh a-rithist is na gniomhairean a tha san Tràth Chumhach a lorg. Seo an t-slige a-steach dhan obair càinain.

### Obair B

- Tha sia *powerpoints* ann a dh'fhaodadh an tidsear a chleachdad gus sealltann mar a tha an Tràth Chumhach ag obrachadh.
- Tha ppt2 a' dèligeadh ris na ceithir phrìomh thràthan (làthaireach, caithe, teachdail agus cumhach) agus mar a tha iad ag obrachadh aig an ire as simplidhe: (*tha, bha, bidh, bhiodh*). Tha ppt3 a' togail 'triantan' le *Bhiodh*. Tha e cuideachd a' coimhead air an diofar eadar an Tràth Cumhach agus an Tràth Seachad-Gnàthach. Chan eilear a' cur mòran cuideim air an seo, ach tha e cudromach gun tuig na sgoilearan mar a tha dà chiall aig *Bhiodh*. Tha ppt4 a' cleachdad 'an triantan' agus a' toirt gum biodh agus nach biodh a-steach dhan ghnothach. Tha ppt5&6 a' nochdad mar a tha an Tràth Cumhach ag atharrachadh anns a' chiad phearsa: **Bhithinn**. Tha ppt7 a' nochdad mar a tha **ma** ag atharrachadh anns an tràth chumhach: **nam** biodh.
- Tha ppt8-9 a' nochdad mar a tha an Tràth Chumhach ag obrachadh le gniomhairean eile (seach *bhiodh*):
- Tha ppt10 a' toirt seachad fiosrachadh mu na gniomhairean a tha neo-riaghailteach anns an Tràth Chumhach. Tha an obair air td5 a' togail air an fiosrachadh seo agus, a-rithist, dearbhaidh i a bheil tuigse aig na sgoilearan air a' phuing càinain seo.

**Obair Leudachaidh:** Dh'fhaodadh gum biodh e iomchaidh aig an ire seo iarraidh air na sgoilearan pios rosg a sgrìobhadh anns an Tràth Chumhach (an obair a b' fheàrr a chòrdadh rium, na dhèanainn nam buannaichinn An Crannchur Nàiseanta agus mar sin air adhart) agus am misneachadh gus nas urrainn dhaibh de ghnìomhairean riaghailteach agus neo-riaghailteach a chleachdad.

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

## 5. An Gníomhair Is ['S]

Tha an gniomhair a *bhith* sa Ghàidhlig ag adhbharachadh iomadh duilgheadas do sgoilearan leis gu bheil e cho eadar-dhealaichte an taca ri mar a tha e sa Bheurla. Tha dà ghniomhair againn sa Ghàidhlig (*bi agus 's*) ach chan eil ach aon sa Bheurla. Tha am páirt seo den aonad ag amas air a *bhith* a' nochdadadh mar a tha 's ag obrachadh.

### Obair A

- Thathas a' tòiseachadh le earrainn às an artaigil fhiosrachail **Dùn Ad** le Criosaigh Dick anns a bheil 's a' nochdadadh gu tric. Tha ceistean an cois na h-earrainn a tha a' sìreadh tuigse, luachadh agus sgrùedadadh.
- Dh'fhaodadh sgoilearan an uair sin aiste bheachdail no aiste fhiosrachail a sgriobhadh mu chuspair aig a bheil ceangal ris an earrainn.
- Bidh aig na sgoilearan an uair sin ris an earrann a leughadh a-rithist is beachdachadh air mar a chleachd an sgriobhadair 'S. Seo an t-sligte a-steach dhan obair càinain. Chan eil seo furasta, ach thig na sgoilearan air ais chun na h-earrainn ann an Obair B aon uair 's gum bi tuigse nas fheàrr aca air a' ghnothach.

### Obair B

- **1. 'S agus Structaran Càinain Adhartach:** Tha ppt2-3 a' dèiligeadh ri mar a chleachdas sinn 'S ann an structaran càinain leithid: 's *toigh*, 's *aithne*, 's *urrainn*... agus carson a tha e cudromach structaran càinain mar seo a chleachdadadh. Tha Obair B td4 a' toirt air sgoilearan beachdachadh air mar a dh'fhaodadh iad barrachd structaran càinain mar seo a chur gu feum. Tha seo cuideachd a' toirt orra coimhead a-rithist air an earrainn *Dùn Ad* agus mar a chleachd an sgriobhadair cui de na structaran seo:
  - **Dè b' fheàrr** na dhol thairis a' chuain?
  - mar chuimhneachain air an àite anns am **b' àbhaist dhaibh a bhith**.
  - **b' fheudar** dha na daoine ... falbh às
- **2. 'S le buadhairean:** Tha ppt4-5 a' dèiligeadh ri mar a chleachdas sinn 'S le buadhairean, mar eisimpleir: 'S beag an t-iognadh ... agus carson a tha e cudromach structaran càinain mar seo a chleachdadadh. Tha obair air td4 a' toirt air sgoilearan beachdachadh air mar a dh'fhaodadh iad an structar càinain seo a chur gu feum. Tha seo cuideachd a' toirt orra coimhead a-rithist air an earrainn *Dùn Ad* agus mar a chleachd an sgriobhadair an structar seo:**'S cinnteach** nach do għluais iad
- **3. 'S le ainmearan:** Tha ppt 6 a' dèiligeadh ri mar a chleachdas sinn 'S gus cuideam a chur air ainmear, mar eisimpleir: '**S e iasg mòr a ghlaic mi**. Tha an obair air td7-8 a' toirt air sgoilearan beachdachadh air mar a dh'fhaodadh iad an structar càinain seo a chur gu feum. Tha seo cuideachd a' toirt orra coimhead a-rithist air an earrainn *Dùn Ad* agus mar a chleachd an sgriobhadair an structar seo:

## NOTAICHEAN AN TIDSEIR

- 'S e *Earra-Ghàidheal ... a chanas sinn ris an sgìre...*
- ged 's e Dal Riata a thug na Gàidheil fhèin air...
- 'S e cleachdad a bh' aig na Gàidheil a bhith...
- **4. 'S e – gus innse dè th' ann an rud:** Tha ppt7-10 a' dèiligeadh ri mar a chleachdas sinn 'S gus innse dè th' ann an rud, mar eisimpleir: '*S e saighdear a th' ann an Alasdair.* Tha iad seo a' mìneachadh carson a bhios sinn a' cleachdad dhà structur (mar an t-eisimpleir gu h-àrd ach cuideachd '*S e Alasdair an saighdear.*). Tha an obair air td8-9 a' toirt air sgoilearan na structaran seo a chur an gnìomh. Tha seo cuideachd a' toirt orra coimhead a-rithist air an earrainn *Dùn Ad* agus mar a chleachd an sgrìobhadair an dhà structar seo:

'S e Dùn Ad a bh' ann

'S e seòrsa de chaisteal a bha seo

**Chan e** astar fada a bh' ann

'S e a' *Ghàidhlig an cànan a bh' aca*

's e *Criosdaidheachd an creideamh*

'S e *Dùn Ad am prìomh fhear a bh' aca.*

- **5. Eadar-theangachadh:** Tha ppt11 ag iarraidh air na sgoilearan eadar-theangachadh a dhèanamh bhon Bheurla gus am faicear a bheil na sgoilearan a-nise comasach air 'S a chleachdad gu ceart. Tha an gnìomh mu dheireadh air td9 a' cur ris an seo.

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

## 6. Na h-Altan Pearsanta (Mo, Do...)

Tha am pàirt seo den aonad seo gu math mòr!

Tha troblaidean aig mòran sgoilearan leis na h-Altan Pearsanta. Bidh a' mhòr-chuid cofhurtail le mo agus do ach bidh gu leòr aig nach bi tuigse air barrachd air an seo. Bidh iad seo

a' cleachdadadh *aige, aice...* mar dhòigh air dèiligeadh ris an laigse seo. B' fheàrr leinn mura cleachdadadh sgoilearan abairtean leithid 'a' mhàthair *aice*' ach gun canadh iad 'a màthair' (agus thèid dèiligeadh ri seo san aonad). Ach tha an laigse cainnte seo ag adhbharachadh thrioblaidean eadhon nas doimhne. Oir, gun ghrèim ceart air na h-Altan Pearsanta, cha tèid aig sgoilearan air structaran bunaiteach eile a chleachdadadh ceart (leithid *chaidh a thogail, ri ar taobh, tha mi ga cluinnntinn, nam beachd-san, tha sibh nur seasamh...*)

Mholadh sinn aig an fhìor thoiseach gum biodh clàr-cànan mar seo ri fhaicinn anns a' chlas gus am bi fios aig sgoilearan far am faigh iad an cuideachadh a bhios a dhith orra nuair a bhios iad a' cleachdadadh nan Altan Pearsanta:

mi	mo (h)	gam (h)	<b>nam (h)</b>
thu	do (h)	gad (h)	<b>nad (h)</b>
e	a (h)	ga (h)	<b>na (h)</b>
i	a	ga	<b>na</b>
sinn	ar	gar	<b>nar</b>
sibh	ur	gur	<b>nur</b>
iad	an/am	gan/gam	<b>nan/nam</b>

Bidh cuid de sgoilearan aig nach bi laigsean mar a tha air am mineachadh gu h-àrd, ach bidh am pàirt seo den aonad fhathast feumail dhaibh ann a bhith a' toirt daingneachadh foirmeil dhaibh air a' phuing cànan seo.

### Obair A

- Tha an t-aonad stèidhichte air earrainn èisteachd *Mi Fhin is mo Theaghlaich*. Bha e do-dhèanta earrann a thaghadh anns an robh na diofar phuingean cànan ris a bheil an t-aonad seo a' dèiligeadh. Dh'fheumte earrann a chruthachadh a bha làn de fhaclan mar *mo, nam, gam, mar coinneamh...*
- Tha aig sgoilearan ri èisteachd ris an earrainn agus ceistean a fhreagairt (td2). Dh'fhaodadh iad èisteachd dà thuras (mar ann an deuchainn èisteachd Ìre Nàiseanta 5) no cho tric 's a dh'fheumas iad (mar mheasadh-sgoile Ìre Nàiseanta 4 agus 5). Tha ceistean a tha a' cur feum air beagan sgrùdaidh ann a bharrachd air ceistean a tha a' sireadh tuigse.

# NOTAICHEAN AN TIDSEIR

- Anns an an ath eacarsaich (bruidhinn), tha aig sgoilearan ri òraid a thoirt air na tha iad am beachd a dhèanamh às dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. Tha seo a' togail air cuspair na h-earrainn èisteachd. Tha e air a dhèanamh soilleir anns an eacarsaich seo nach leig iad a leas innse mu amas sònraichte ach gum faodadh iad beachdachadh air diofar roghainnean a tha fan comhair.
- Tha aig na sgoilearan a-nis ri èisteachd ris an earrainn a chuala iad roimhe, a' dèanamh nota de altan pearsanta a tha a' nochdadhl innse (ged a dh'fhaodadh tidsearan leth-bhreac den earrainn a thoirt do sgoilearan gus cùisean a dhèanamh na b' phasa dhaibh). Seo an ceangal eadar Obair A agus Obair B. Thathas a' sùileachadh gun tog a' mhòr-chuid air mo ach tha gu leòr eile ann (cuid a tha fada nas dorra), mar eisimpleir:

par. 1 – **nam** theaghach / **m'** athair / **mo** mhàthair

par. 2 – mar coinneamh, **an** dreuchdan, os a **chionn**

par. 3 – **nam** athair, **ga** fhaicinn,

par. 4 – chaidh **a** togail, mu (**a**) deidhinn, **ga** chluich

par. 5 – **na** shaor, air **a** phàigheadh, **ga** thrèanadh, **na** sporan,

par. 6 – fada **na** ceann, **ga** **h**-ionndrainn, às **a** **h**-aonais,

'S e eacarsaich dhoirbh a tha seo ach tha e a' toirt cothrom dhan tidsear faighinn a-mach dè an ìre de thugse a tha aig sgoilearan fa leth a thaobh mar a bhios na h-Altan Pearsanta ag obrachadh sa Ghàidhlig. Bithear a' tilleadh chun na h-eacarsaich seo aig deireadh an aonaid gus faighinn a-mach gu dè an piseach a thàinig air tuigse is comasan nan sgoilear.

## Obair B

- **1. Mo, Do...** Tha a' chiad eacarsaich air td4 na meadhan air measadh a dhèanamh air tuigse nan sgoilearan a thaobh nan Altan Pearsanta. Tha ppt2 an uair sin a' nochdadhl mar a bhios iad ag obrachadh sa Ghàidhlig. Bidh aig na sgoilearan ri clàr a dhèanamh air td4 bhon fhiosrachadh a tha air ppt2.
- **2. mo no agam?** Tha an eacarsaich seo air td5 na meadhan air measadh a dhèanamh air tuigse nan sgoilearan a thaobh dè as fheàrr ann an diofar shuidheachaidhean. Tha am mineachadh air ppt3 simplidh (tha fios gu bheil cuid de dh'ainmean (leithid *duine*) gu math annasach anns an t-seadh seo agus gu bheil diofar dhualchainntean ag obrachadh ann an dòighean caran eadar-dhealaichte) ach thathas den bheachd gum bu chòir dhan ghràmar a bhith air a chumail simplidh. Faodaidh an tidsear barrachd mineachaidh a thoirt seachad/am ppt atharrachadh ma bhios feum air.
- **3. Ri taobh agus mo, do...** Tha an dàrna eacarsaich air td5 a-rithist na meadhan air measadh a dhèanamh air tuigse nan sgoilearan a thaobh roimhearan fillte. Tha ppt4 an uair sin a' nochdadhl mar a bhios iad ag obrachadh agus tha aig sgoilearan an uair sin ri beagan eadar-theangachaidh a dhèanamh (td6) gus dèanamh cinnteach gu bheil iad air seo a thuigsinn.

## NOTAICHEAN AN TIDSEIR

- **4. Gnìomhairean agus mo, do...** Tha an dàrna gnìomh-obrach air td6 (*Còmhraadh Clas*) gu math doirbh ach chaidh a chur a-steach gun fhios nach bi sgoilearan sa chlas aig a bheil tuigse air leth air gràmar. Thathas an dùil gum bi a' mhòr-chuid a' feuchainn ri na sia seantansan air td7 eadar-theangachadh mar shlighe a-steach dhan eacarsaich seo. Tha seo doirbh, ach faodar na freagairtean ceart a mhìneachadh le ppt5. Chithear an uair sin a bheil tuigse nan sgoilearan air tighinn air adhart le bhith a' dèanamh na h-ath eacarsaich (ag eadar-theangachadh còig seantansan eile) air td7.
- **5. gam, gad...** Tha an eacarsaich seo (td8-9) a' dèiligeadh ri puing cànan a tha buailteach a bhith lag aig sgoilearan – gu ire mhòr air sgàth cho eadar-dhealaichte 's a tha a' Ghàidhlig agus a' Bheurla anns an t-suidheachadh seo, ach cuideachd air sgàth 's nach eil grèim aca air na h-altan pearsanta. Tha seo a-rithist a' tòiseachadh le bhith a' dèanamh measadh air tuigse nan sgoilearan – an urrainn dhaibh na seantansan a cheartachadh (bonn duilleag 8)? Gabhaidh na freagairtean ceart a mhìneachadh le ppt6 agus ppt7. Tha aig na sgoilearan an uair sin ri Gàidhlig a chur air trì seantansan (mullach td9) anns a bheil altan nas dorra a' nochdad (gar/gan). Tha ppt8 a' mineachadh carson a bhios sinn a' cleachdad dh *gam, gad...* – dh'fhaodadh gum bi seo feumail do fheadhainn aig a bheil deagh thugse air grammar, ach dh'fhaodadh gun dèanadh e barrachd cron na feum do chuid eile. Bidh fios aig tidsearan fa leth dè cho freagarrach 's a bhiodh e. Tha barrachd eacarsaichean cànan air a' phuing seo (td9-10) a' leantainn (Gàidhlig gu Beurla/Cearaich na mearachdan/Beurla gu Gàidhlig).
- **6. nam, nad...** Thathar an dòchas gum bi e nas phasa do sgoilearan gluasad chun an ath rud leis gu bheil pátrán cinnteach ann eadar *gam...* agus *nam....* Tha a' chiad eacarsaich (air an duilleig-obrach) ag iarraidh air sgoilearan seantansan goirid a cheartachadh (me, 'S e iasgair a th' annam/*Tha mi nam iasgair*). (Tha fios gu bheil diofar (gu ire bheag) a thaobh brigh an dà sheantans seo – dh'fhaodadh tidsearan togail air a seo nam bhiodh e freagarrach). Tha an eacarsaich seo a-rithist na meadhan air tuigse nan sgoilearan a mheas aig toiseach gnothaich. Tha PPT9 a' daingneachadh na puing cànan seo. Tha PPT10 a' mineachadh carson a bhios sinn a' cleachdad *nam...* (bidh e an urra ris an tidsean an cleachd e/i seo – bhiodh e feumail do sgoilearan adhartach). Tha PPT11 a' ceangal ri chèile na puinean cànan a nochd anns an aonad cànan seo agus a' sealtainn mar a bhios *nam...* ag obrachadh. Tha eacarsaichean A agus B (air an duilleig-obrach) a' toirt air sgoilearan tuigse a thaisbeanadh air mar a bhios an dà structar cànan seo ag obrachadh.
- **7. nam, nad... a-rithist** Tha td11-12 a' dèanamh fòcas air a bhith a' cleachdad *nam...* (mar eisimpleir, *nam sporan, bha e na sheasamh*). Togaidh ppt12 agus ppt13 air freagairtean nan sgoilearan. San dol-seachad, tha e nas phasa mìneachadh a thoirt air an diofar eadar *Tha mi a' suidhe/Tha mi nam shuidhe* na cuid eile (mar eisimpleir *Tha mi a' ruith/Tha mi nam ruith*). Tha an eacarsaich mu dheireadh air td14 a' dèanamh cinnteach gu bheil na sgoilearan air a' phuing seo a thuigsinn.
- **8. An Eacarsaich mu Dheireadh** Ma bhios tide ann, dh'fhaodadh sgoilearan tilleadh gu Obair A – thathar an dòchas gum faigh iad lorg air barrachd fhaclan (leithid: **mo, gam, nam...**) nach do lorg iad a' chiad turas!